

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Faoilleach 2014 / January 2014

Teachdaireachd bhon Àrd-oifigear

Bidh a' Bhliadhna Ùr a' toirt oirnn coimhead air ais agus a' smaoinichadh agus gu dearbha, bha a' Bhliadhna Ùr a chaidh seachad an aon rud. Bho chionn ghoirid 's ann air an rèidio a-mhàin a bhiodh prògraman Gàidhlig na Bliadhna Ùr. Cha bhiodh sinn air smaoinichadh gu bràth gum biodh àm ann nuair a bhiodh prògram Gàidhlig na Bliadhna Ùr air a chraoladh aig an aon àm ri prògram mòr BBC Scotland. Gu dearbha, nam bheachd fhèin, bha prògram Bliadhna Ùr BBC Alba tòrr nas fheàrr na bh' air na seannaillean eile.

Cuideachd, cò bhiodh air smaoinichadh bho chionn fichead bliadhna air ais gum biodh dà sgioba ball-coise bhon a' Ghàidhealtachd, a' cluiche ann am prìomh lìog Alba. Cha bhiodh duine air smaoinichadh air ais ann an 1979 gum biodh bhòt Reifreann air eòiseimeilachd ga chumail an Alba ann an 2014.

Anns na 1970' an, bha deasbad ann an Gairm mu dheidhinn a' bhuaidh a bh' aig na dual-chainntean eadar-dhealaichte ann an Gàidhlig a bhiodh air a chluinntinn air an rèidio, agus air dè a bhuaidh a thug am measgachadh de dhual-chainntean air an ìre tuigse a bh' aig an luchd-èisteachd. Tha ùine mhòr ann bho thàinig an deasbad seo gu crìch aig Rèidio nan Gàidheal. Tha soirbheachas foghlaim tromheadhan na Gàidhlig air dearbhadh gun robh an fheadhainn a bha a' strì an aghaidh seo gu math ceart. Dà fhichead bliadhna air adhart agus chithear a' bhuaidh a thug lèirsinn agus deagh stiùireadh do Sabhal Mòr Ostaig. Tha ath-nuadhachadh cànan na Gàidhlig agus ath-cruthachas eaconamaiceach a' dol gu math le chèile ann an Slèite.

Thathas cuideachd air a bhith a' beachdachadh air structair a' bhuidhean cuideachd. Aig a' choinneamh mu dheireadh den Bhòrd ann an 2013, chaidh na stiùirichean thairis air rannsachadh a-chaidh a dheanamh air na Meuran. Bha a' chuid as motha den fheadhainn a ghabh pàirt anns an rannsachadh a' faireachdainn gun robh iad airson gum biodh ceangal nas làidir eadar na Meuran agus an Comunn. Ged a bha roghainn aig na Meuran, mar phàirt den rannsachadh, obrachadh leotha fhèin, air falbh bhon Chomuinn, cha deach seo a thaghadh idir. Tha e cho misneachail faicinn gu bheil na Meuran airson gun obraich sinn còmhla ri chèile agus gum bidh na ceanglan eadar sinn nas làidir. Feumaidh sinn mar bhuidheann obrachadh gu cruaidh airson sin a choileanadh. Ged a tha cùisean gu math duilich leis an eaconomaidh an dràsta agus mar sin cha bhith seo furasta. Ach feumaidh sinn tòiseachadh an àiteigin agus 's dòcha gur e a' chiad ceum a bh' ann an coinneamh a' Bhòrd Stiùiridh anns an Dùbhlachd.

Mu dheireadh, shaoileadh sinn gur ann an dè a thàinig Iain Fearchar Rothach a dh' Inbhir Ùige gu Mòd 2010 airson duaisean Cupa Camanachd a' Mhòid a thoirt seachad. 'S e gaisgeach a bh' ann an Iain ann an iomadach dòigh. Bha sinn cuideachd duilich cluinntinn gun chaochail Mairead Hulse, a bhuannaich Bonn Òr a' Chomuinn ann an Dùn Omhain ann an 1968. Rinn i obair mhòr a thaobh na Gàidhlig. Bha liut shònraichte aice air a bhith a' sgrìobhadh bàrdachd agus dh' fhàg i stòras de rannan a bhithear tric a' cluinntinn aig Mòdan. Tha sinn taingeil airson an obair sònraichte a rinn Iain agus Mairead fad am beatha dhan a' Ghàidhlig agus airson amasan An Comunn Gàidhealach.

Message from the Chief Executive

New Year has always been a time for reflection and this New Year is no exception. Not so long ago Gaelic New Year broadcasts were delivered by radio only. We never imagined a time when Gaelic television broadcasting at New Year would stand shoulder to shoulder with the big brother that is BBC Scotland. Indeed, from a personal point of view, I feel that the BBC Alba New Year show was a superior product to what was on offer elsewhere.

Equally, who would have imagined a couple of decades ago that two football teams from the Highlands would now play in the top league in Scotland. Nor, would anyone in 1979 have imagined that Scotland would hold an independence referendum vote in 2014.

In the 1970's Gairm carried a debate on the impact of different Gaelic dialects heard on the radio and whether these dialects affected the understanding of listeners. A debate that Radio nan Gaidheal has long since ended. The excellence of Gaelic medium education has already proved the visionaries, who fought that cause, correct. Forty years on, Sabhal Mor Ostaig, demonstrates the impact of vision and leadership. Gaelic language revitalisation and economic regeneration go hand in hand in Sleat.

Reflection at an organisational level is also a current topic. The Directors considered the responses to a survey of Branches at the ultimate meeting of the Board in 2013. The overwhelming response from those interviewed was in support of a strengthening of the links between the branch network and the core organisation. Although a standalone option was offered to branches, as a part of the survey, none of the respondents chose this option. The level of branch support for a strengthened and unified body is gratifying and the challenge that we now face is to navigate towards that goal. In a period of economic challenge no instant solution is available but every journey starts with a single step and the December meeting of the Board of Directors may be viewed as that first step.

Finally, we were very sorry to hear of the passing of John Farquhar Munro. It seems like yesterday that John stepped into the breach and made the Mòd Shinty Cup Final presentations, in Wick, in 2010. John Farquhar was a stalwart in every sense. Equally, we were saddened to learn of the death of Margaret Hulse, who won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal in Dunoon in 1968. She did a tremendous amount of work for the Gaelic language. She had a great talent for writing poetry and she has left a large collection of poems which can often be heard at Mods. We are indebted to both John Farquhar and Margaret for a lifetime of commitment to the Gaelic language and to the objectives of An Comunn

An Comunn Gàidhealach

A' CUIMHNEACHADH SÀR CHARAID ROBIN BANKS

'S ann gu math duilich a tha sinn a' toirt thugaibh an naidheachd gun do chaochail Robin Banks as an Òban, aig an deireadh sheachdain, aois 81. Ged a bha Robin air a bhith a' fulang trioblaidean slàinte airson ùine mhòr, chaochail e cabhagach.

Mar a bhios fios agaibh, bha Robin an sàs ann an obair a' Chomuinn airson còrr is 58 bliadhna, aig ìre ionadail agus nàiseanta. Bha e na stiùiriche air Bòrd a' Chomuinn airson iomadach bliadhna. Bha e gu mòr an sàs ann an obair a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, agus gu h-àraidh ann am farpaisean an Aigeallan Airgid agus Bòn Òr a' Chomuinn.

Bhiodh a' chuid as motha de luchd-frithealaidh a' Mhòd air tachairt ris. 'S e sàr charaid a bh' ann an Robin agus tha ionndrainn mhòr gu bhith air.

Tha seirbheis gu bhith air a chumail air Dihaoine 7mh Gearran aig 1f ann an Seann Eaglais Paraiste an Òbain agus an uairsin aig Cladh Pennyfuir. Bidh cruinneachadh ann airson Cancer Research UK.

Tha sinn a' cuimhneachadh air Ishbel, bean Robin, aig an àm duilich a tha seo.



REMEMBERING ROBIN BANKS

It is with great sadness that we share with you the passing of Robin Banks, of Oban, who died at the weekend at the aged of 81. Although Robin had been suffering from ill-health for some time, his death came very unexpectedly.

As many of you will know, Robin was a huge part of An Comunn Gàidhealach for over 58 years, at both local and national level. He served as a director of the company for many years. He was heavily involved in the Royal National Mod and had particular interest in the Silver Pendant and Gold Medal competitions.

Few will have attended a Mod and not met him at some point. He was a dear friend to us all and he will be truly missed.

The funeral service will be held in Oban Old Parish Church on Friday 7 February at 1pm followed by interment at Pennyfuir Cemetery. There will be a collection for Cancer Research UK.

We remember Robin's wife Ishbel at this very difficult time.



COINNEAMH BHLIADHNAIL A' CHOMUINN

**Thèid Coinneamh Bhliadhnail
a' Chomuinn Ghàidhealaich a chumail
Dihaoine 7 Màrt 2014
@ 6.30f ann an
Seòmar MhicIlleathain
Eden Court, Inbhir Nis.**

*Thèid pàipearan na coinneamh a chuairteachadh
gu Buill a' Chomuinn Ghàidhealaich*

AN COMUNN ANNUAL GENERAL MEETING

**The Annual General Meeting
of An Comunn Gàidhealach
will be held on Friday 7 March 2014
@ 6.30pm in the
Maclean Room
Eden Court, Inverness**

*The papers for the meeting will be circulated to
all members of An Comunn Gàidhealach*

An Comunn Gàidhealach

ATHARRACHAIDHEAN AIR ÒRAIN AINMICHTE

Bithibh mothachail air na h-atharrachaidhean a leanas:

C44A Hè gràdh, hò gràdh

Seinnear an t-sèist as dèidh rann 3 agus rann 4 a-mhàin
(chorus to be sung after verse 3 and verse 4 only)

C44A Hè gràdh, ho gràdh

Bar 11 – 'S e nota 'B' is còrr a bhith os chionn am facal 'ghràdh'
agus chan e 'A', a' ciallachadh gur e dà 'B' a th' ann as dèidh chèile

FARPAISEAN C72, C77, C111 & C174

Bu chòrr farpaisich a bhios a' gabhail pàirt anns na farpaisean seo a bhith mothachail gu bheil iad a-nis air aithneachadh mar farpaisean 'Co-sheirm Còisir' ann an liosta nam farpaisean.

Tha seo a' ciallachadh nach fheumar cumail ri pìos dà-fhillte.

Ma bhios fiosrachadh sam bith eile a dhìth oirbh,
cuiribh fios gu:
james@ancomunn.co.uk

FARPAIS AN AIGEALLAN AIRGID

Thathas a' cur an cuimhne farpaisich an Aigeallan Airgid gu feumar na cuspairean shònraichte, a chaidh a thaghadh airson farpaisean A252 (Mnathan) agus A253 (Fir,) a leantainn. Aig Mòd 2014, 's e *Gaol* an cuspair dha na mnathan (A252) agus 's e *Cogadh* a bhios ann do na fir (A253).

Thèid na cuspairean ainmeachadh gach bliadhna air clàr-eagair inbheach a' Mhòd agus air liosta nam pìosan ainmichte.

Thèid na cuspairean seo a thaghadh gach bliadhna leis a' Chomataidh Ciùil 's bidh iad ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna. Thathas an dòchas gum bi roghainn de dh' òrain nas fharsainge aig farpaisich ri linn an atharrachaidh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun atharrachadh seo, cuiribh fios chun Chomunn Gàidhealach gu: info@ancomunn.co.uk no air am fòn: 01463 709705.

CHANGES TO PRESCRIBED PIECES

Please note the following amendments:

C44A Hè gràdh, hò gràdh

Seinnear an t-sèist as dèidh rann 3 agus rann 4 a-mhàin
(chorus to be sung after verse 3 and verse 4 only)

C44A Hè gràdh, ho gràdh

Bar 11 - the A note on the word 'ghràdh' should be a B, making two consecutive B's

COMPETITIONS C72, C77, C111 & C174

Competitors taking part in these competitions should be aware that these competitions are now listed as 'Choral Harmony' in the syllabus.

This means that choirs are no longer restricted to doing just a two-part harmony piece.

Should you require further information on this, please contact:
james@ancomunn.co.uk

SILVER PENDANT QUALIFYING

Prospective Silver Pendant competitors at next year's Royal National Mòd are reminded that for competitions A252 (Ladies) and A253 (Men), they must choose a song which reflects a specified theme. For the 2014 Mòd, the theme for Ladies (A252) is Love. The theme for Men (A253) is War.

The respective themes will be chosen annually by the Mòd Music Committee and the themes will change from year to year. This variation has been made in order to offer competitors a wider range of song choice.

The specified themes will be communicated to competitors each year in the Mòd senior syllabus and in the list of prescribed pieces.

For any more information on this subject, please contact An Comunn Gàidhealach at: info@ancomunn.co.uk or Tel: 01463 709705.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn airson naidheachdan sam bith a thaobh Mòd na bliadhna seo.

Keep an eye on our website for any news updates about this year's Mod.

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

MÒDAN IONADAIL 2014

PROVINCIAL MODS 2014

Listed below are the dates of this year's Provincial Mods which we have received so far.
Once you have set your dates, pass them on to us and we will list them for you.
Mòran taing.

Dùn Èideann / Edinburgh

26 Giblean
26 April

Sruighlea / Stirling

16 & 17 Cèitean
16 & 17 May

Leòdhas / Lewis

3 - 6 Ògmhios
3 - 6 June

An t- Eilean Sgitheanach / Isle of Skye

5 - 7 Òg Mhios
5 - 7 June

Cataibh & Gallaibh / Sutherland & Caithness

7 Òg-mhios
7 June

Ìle / Islay

7 Òg-mhios
7 June

Peairt agus Aonghas / Perthshire & Angus

13 & 14 Òg-mhios
13 & 14 June

Àird nam Murchan / Ardnamurchan

20 Ògmhios
20 June

Inbhir Nis / Inverness

20 & 21 Ògmhios
20 & 21 June

An t-Òban / Oban

20 & 21 Ògmhios
20 & 21 June

Mòd Ionadach na Dreolluinn / Mull

12 & 13 Sultain
12 & 13 September

Dailriada / Dalriada

27 Sultain
27 September

Gheibhear fiosrachadh nas mionaideach mu na Mòdan Ionadail air làrach-lìn a' Chomuinn
Further details about the Provincial Mods can be found on the An Comunn website:

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

EILIDH AGUS CALUM A' TADHAL AIR MÒD AMEIREAGAI DH

Thug e toileachas mòr dhomh naidheachd fhaighinn gum faighinn cothrom dhol a dh'Ameireagaidh mar phàirt den duais agam airson Bonn Òr a' Chomuinn a bhuannachadh.

Cha robh mi riamh sna Stàitean is leis a sin bha fadachd orm an dùthaich fhaicinn is na h-òrain Ghàidhlig as fheàrr leam a thaisbeanadh do shluagh ùr.

Dh'fhàg mi fhèin is Calum Macleòid Port-adhair Manchester glè thràth sa mhadainn. Iomadach uair as dèidh sin, ràinig sinn Washington D.C., a bhiodh na dhachaidh dhuinn son a' mhòr chuid den turas.

Dh'fhuirich mi còmhla ri Francis Leslie fhad 's a bha mi thall. Chuir e iongnadh orm gun robh e cho sunndach fallain aig aois 90! Fhuair mi aigheachd is fàilte fìor bhlàth bhuaithe.

Air a' chiad latha againn ann an Washington D.C, chunna sinn a' White House, Washington Monument, Vietnam Veterans Memorial, Lincoln Memorial is an staidhre ainmeil sin far an d'thug Martin Luther King seachad an òraid eachdraidheil "I have a dream" bho chionn 50 bliadhna.

An ath latha chaidh sinn on phrìomh bhaile gu ruige Maryland is suas gu beanntan Virginia. Dh'fhuirich sinn faisg air baile Liongier ann am Pennsylvania airson Mòd Nàiseanta Ameireagaidh.

Bha farpaisean bàrdachd, sgeulachdan is leughaidh a' dol rè na h-oidhche fosglaidh. B'i britheamh a' Mhòid a' bhana-Leòdhasach Catriona Parsons a tha a' fuireach ann an Ceap Breatainn.

An latha às dèidh sin, chaidh farpaisean seinn a' Mhòid a chumail aig Pàirc Idlewild mar phàirt de Gheamannan Gàidhealach Liongier. Bidh sluagh mòr an còmhnaidh a' tighinn gu na geamannan. A bharrachd air tòrr òrain Ghàidhlig is còisir a chluinntinn, bha e sònraichte tlachdmhor dhomh fhèin 's do Chalum a bhith air ar comharrachadh nar aighean urramach aig na Geamannan is sheinn an dithis againn air an latha. Gu mì-fhortanach bha dòrtadh ann fhad 's a bha sinn a' seinn, ach cha do chuir an droch shìde bacadh air gnothaichean.

Tha Calum is mi fhèin cuideachd nar clàrsairean is fhuair sinn an cothrom èisteachd ri feadhainn dhe na fairpaisean clàrsaich is cothrom port a chluich sinn fhèin air Clàrsach Ceilteach Ameireaganach.

Chriochnaich an latha le biadh àlainn aig taigh-òsta ionadail is an uairsin cèilidh miorbhaileach le mòran buannaichean is farpaisich an làthair. Lean an cèilidh aig an àite-fuirich is sinn uile a' gabhail òrain. Mus do sgaoil a h-uile duine an ath latha, chum Catriona bùth-obrach inntinneach mu Sheinn nan Sailm.

Thill mi gu Washington is rinn mi cuairt de Chladh Arlington is chunnaic mi làrach adhlacaidh am Prìomhaire Ceanadach agus a bhean Jackie. Feasgar chaidh mi gu barbeque le muinntir a' Mhòid is Gàidheil eile is rinn sinn deagh chèilidh an sin. Thug e uidhir de mhisneachd dhomh a bhith am measg nan daoine a bha an lùib Mòd Ameireagaidh, is iad cho blàth agus còir dhuinn agus làidir a thaobh na Gàidhlig.

Chaidh mi a New York air itealan an ath latha o chionn 's gun do chuir mi romham barrachd ùine a bhith agam dhomh fhèin san dùthaich. Choinnich mi ri mo leannan is thug sinn seachad gealladh-pòsaidh ann an Central Park. Chòrd an turas a dh'Ameireagaidh rium cianail fhèin math is bidh cuimhn' agam air gu bràth.

Mo thaing mhòr dhan Chomunn Gàidhealach a thug seachad maoineachadh airson an turas agus dha Comunn Gàidhealach Ameireagaidh a bha anabarrach coibhneil.



Eilidh agus Calum



An Comunn Gàidhealach

EILIDH AND CALUM VISIT MOD AMERICA

I was delighted to learn that as part of winning the Mod Gold Medal there was also the opportunity to perform in America. I had never been to the States so I was hugely excited to get the chance to visit the country and also to share some of my favourite Gaelic songs with a new audience.

Myself and co-winner Calum Macleod set off in the very early hours of the morning from Manchester Airport. Several long hours later we landed in Washington D.C, which was to be our base for the majority of our trip.

Francis Leslie was my host for the duration. It was incredible to discover that a man who was so fit and very able was actually the grand old age of 90! He was the perfect host and made me very welcome.

We began with a day of sightseeing in Washington D.C, including the White House, the Washington Monument, the Vietnam Veterans Memorial, the Lincoln Memorial and those famous steps where Martin Luther King made his historic "I have a dream" speech 50 years ago.

The following day we travelled from the capital city to Maryland and on up into the mountains of Virginia. We stayed close to the town of Liongier in Pennsylvania for the US National Mod.

That opening night we enjoyed a variety of poetry, storytelling and reading at sight competitions. The Mod adjudicator was Lewis woman Catriona Parsons who now lives in Cape Breton.

The following day, the Mod singing competitions took place at Idlewild Park and were staged as part of the Liongier Highland Games. The Games are extremely popular and thousands of people visit the event. As well as enjoying a wide range of Gaelic songs and even a choir, Calum and I were lucky enough to be guests of honour at the Games and were able to sing at the main pavilion as part of the programme. Unfortunately during our performances the heavens decided to open, but despite the dreich weather it didn't dampen our spirits.

Both Calum and I are also clarsach players and we had the opportunity to listen to some of the harp competitions at a neighbouring venue as well as trying out an American Celtic harp.

The day was finished off with a lovely meal at a local hotel followed by a fantastic ceilidh in which many of the Mod winners and competitors took part. The ceilidh continued at our accommodation where we all sang and shared many songs. The following day before everyone set off on their respective journeys we enjoyed an insightful workshop on Gaelic Psalm Singing hosted by Catriona.

I returned to Washington and toured the famous Arlington Cemetery and saw the final resting place of President Kennedy and his wife Jackie. That evening I attended a barbecue with some fellow Mod goers and other Gaelic enthusiasts where we enjoyed a great ceilidh singing many songs. The warmth, kindness and passion for Gaelic that everyone connected with Mod America exuded was both inspiring and humbling.

The next day I flew on to New York as I had decided to extend my trip of America before returning home. I met up with my boyfriend who asked me to marry him in Central Park. My trip to America was absolutely amazing and I will never forget it.

I would like to extend a huge thanks to An Comunn Gaidhealach for funding our trip to Mod America and to An Comunn Gaidhealach Aimearagaidh for being such fantastic hosts.

*** Congratulations Eilidh from all at
An Comunn Gàidhealach
on your engagement!***

Eilidh and Calum



An Comunn Gàidhealach

COMATAIDH IONADAIL MÒD INBHIR NIS



Mòd Inbhir Nis 10-18 Dàmhair 2014

Thathas ag obrachadh air làrach-lìn comataidh ionadail Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 an dràsta agus bu chòrr dha a bhith a-ruith a dh' aithghearr, ceangailte ri làrach-lìn a' Chomuinn fhèin.

Tha Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis 2014 air a bhith trang bhon a chaidh a stèideachadh air an 18mh den Fhaoilleach 2011 agus tha buill a' Chomataidh a-nis toilichte gu bheil a' chùis a' tighinn faisg.

"Tha ullachaidhean a' dol gu math", thuirt Ailean Caimbeul, Neach-gairm Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis. "Tha sgioba easgaidh againn an seo a tha air a bhith ag obair gu cruaidh airson a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus a' Mhòd Ionadail thairis air na trì bliadhna a chaidh seachad. Tha sinn gu math mothachail gu bheil Mòd 2014 a' tighinn faisg agus tha sinn ag obair gu cruaidh gus na h-ullachaidhean a thoirt ri chèile, ag obair gu dlùth le oifigearan a' Chomunn agus Neach-gairm a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, Seònaid NicDhòmhnaill.

"Tha sinn a' coimhead air adhart ri fiosrachadh nas mionaideach a chur air an làrach-lìn againn anns na seachdainean a tha romhain, ach anns an eadar-ama, tha sinn a' toirt thugaibh fiosrachadh mu dheidhinn an Comatail Ionadail agus mu feadhainn de na tachartasan a tha gu bhith againn.

"Tha sinn an dòchas gum faic sinn an làthair sibh!"

Cinn-là Feumail – tachartasan ri thighinn!



**21st March – Inverness British Legion
(Huntly Street)**

The Lochies in concert with the Marloch Band.

25th April - Uist Night cèilidh / dance in Iochdar

14th June - Uist Night cèilidh / dance in Inverness

INVERNESS MOD LOCAL ORGANISING COMMITTEE



Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 – Inbhir Nis

The Royal National Mod 2014 website is under construction now and will be operational very soon attached to An Comunn Gàidhealach's own site.

The 2014 Local Organising Committee for the Inverness Mod has been busy since it was established at a public meeting on 18th January 2011 and the members are happy to be on the home straight now.

"Arrangements are going well", says LOC Convenor Allan Campbell. "We have an enthusiastic team and they have worked hard on behalf of both the National and the local Inverness Mod over the past three years. We are very conscious that the 2014 Mod is not far away now and we are focussing hard on the detailed arrangements, working closely with An Comunn's officers and the Royal National Mod Convenor Janet MacDonald.

"We look forward to posting a lot of detailed information on our website within the next few weeks but in the meantime we wanted to let everyone have details of the key members of the LOC and also some advance information on major fund-raising events.

"We look forward to welcoming you!"

Fundraising Events – get these dates in your diaries!



**21st March – Inverness British Legion
(Huntley Street)**

The Lochies in concert with the Marloch Band.

25th April - Uist Night cèilidh / dance in Iochdar

14th June - Uist Night cèilidh / dance in Inverness

An Comunn Gàidhealach



Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 – Inbhir Nis - Comataidh Ionadail Royal National Mod 2014 – Inverness – LOC

Allan Campbell

Neach-gairm / Convenor (allancampbell@madasafish.com)

Alice MacDonald

Iar Neach-gairm & Rùnaire / Vice Convenor & Minute Secretary

Chrissie Cumming

Iar Neach-gairm & Cathraiche Comataidh Àite-fuirich / Vice Convenor & Chair of Accommodation Sub-Committee

Donald N MacLeod

Cathraiche Comataidh Togail Airgead & Ionmhasair / Chair Fund-Raising Sub-Committee & Treasurer

Bruce Duncan

Cathraiche Comataidh Tallaichean & Stiùbhartachd / Chair Halls, Stewards, and H&S Sub-Committee

Morven MacLeod

Cathraiche Comataidh Iomall a' Mhòid / Chair Mod Fringe Sub-Committee

Bidh fiosrachadh mun a' Chomataidh ri fhaighinn air làrach-lìn a' Chomataidh Ionadail a dh' aithghearr.

*A full list of LOC members and contact details will be published on the
Mod Nàiseanta Rìoghail 2014 website.*

CLUB 400 INBHIR NIS

Seo an fheadhainn a fhuair na duaisean mu dheireadh:

£250 Dòmhnall MacArtair, Inbhir Nis

£100 Iain Moireasdan, Broughty Ferry

£50 Audrey Barnett, Inbhir Nis

Mealaibh ur naidheachd!

*Ma tha sibh airson pàirt a ghabhail ann an Club 400 Inbhir Nis
Cuiribh fios gu:*

Dòmhnall Macleòid:
donald@macleod668.orangehome.co.uk

INVERNESS 400 CLUB

Here are the winner's of the latest draw:

£250 Donald MacArthur, Inverness

£100 John Morrison, Broughty Ferry

£50 Audrey Barnett, Inverness

Congratulations!

To join the 400 Club please contact:

Donald Macleod:
donald@macleod668.orangehome.co.uk

An Comunn Gàidhealach

COMATAIDH ÙR AIG MEUR LOCH IÙ NEW OFFICE BEARERS FOR MEUR LOCH IÙ

Cathraiche / Chair:
Doreen Gunn, 9 Mellon Udrigle, Laide, Achnasheen, Ross-shire IV21 2NT.
Fòn / Tel: 01445-731244

Iar-chathraiche / Vice-Chair:
Sarah Morrison, Glensanda, 8 Strath, Gairloch, Ross-shire.
Tel: 01445-712227.
Post-d / Email: sarahgoldby@hotmail.com

Rùnaire / Secretary:
Duncan Ross, The Stackyard, 13 Laide, Achnasheen, Ross-shire IV22 2NP.
Tel: 01445-731679
Post-d / Email: duncan-ross@sky.com

DINGWALL GAELIC CHOIR

Tha Còisir Ghàidhlig Inbhir Pheofharain a' comharrachadh 60 bliadhna ann an 2014 agus tha iad gu bhith a' cumail sreath de thachartasan eadar-dhealaichte.

An toiseach, thèid Cuirm Chiùil a chumail ann am Pavillion Strathpeffer air Dihaoine 28 Màrt. Bidh Raibeart Robertson à Loch Abar, a fhuair bonn òr a' Chomuinn an-uiridh, seinneadairean agus cluicheadairean bhon a' Chòisir fhèin agus Club Bocsa agus Fìdhleir Inbhir Rois a' toirt thugainn an ceòl airson na h-oidhche, le Mòrag Dhòmhnaill anns a' Chathair.

Bidh ticeadan ri fhaighinn a dh' aithghearr. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Alison (Rapson) NicMhathain air: 01463 870 630.

MEURAN A' CHOMUINN

Ma tha atharrachaidhean sam bith air a' Comataidh agaibh, cuiribh fios thugainn.

Cuideachd, ma tha tachartasan no naidheachdan sam bith agaibh a thaobh na Meuran, cuiribh thugainn an fhiosrachadh.

Bidh sinn toilichte cluinntinn bhuaibh.

CÙRSA-GOIRID: ÒRAIN GHÀIDHLIG LUCHD-IONNSACHAIDH SHORT COURSE: GAELIC SONG FOR BEGINNERS

Tha an cùrsa seo a-ruith airson 4 seachdainean, gach oidhche Mhàirt, anns an dàrna teirm a-mhàin.
This is a 4-week Tuesday night course in Term 2 only.

Cinn-latha / Dates: 25 Gearran / Feb, 4, 11, 18 Màrt / March.

An introduction to Gaelic song for all beginners up to proficient learners of the language.

Pàirt de phrògram Cùrsaichean Goirid airson 2014, le taic bho Alba Chruthachail / Iomairt Chiùil Alba
Part of our 2014 Short Course programme supported by Creative Scotland / Enterprise Music Scotland.

Neach-teagasg / Tutor: Patsy Seddon
Dimàirt / Tuesdays
7-9f/pm
Boroughmuir School
26 Viewforth, Edinburgh, City of Edinburgh EH10 4LR

<http://www.scotsmusic.org/classes/281/>

DINGWALL GAELIC CHOIR 60TH ANNIVERSARY

Dingwall Gaelic Choir celebrates its 60th anniversary this year and is holding a series of events throughout 2014.

The first of these is a Grand Concert in Strathpeffer Spa Pavilion on Friday 28th March with special guest Robert Robertson, Lochaber, last year's ACG gold medalist and the choir's own soloists and musicians along with Inver-Ross Accordion and Fiddle group, with Morag Macdonald as compere for the evening.

Tickets will be on sale shortly and further information may be obtained by phoning Alison (Rapson) Matheson on: 01463 870630.

AN COMUNN BRANCHES

Please forward details of any changes to your committee, any events you may have coming up or any general news or information you would like to share with us.

We look forward to hearing from you.

An Comunn Gàidhealach

CEÒL NAN CÒISIR – BÙTH-OBACH CHÒISIREAN

Disathairne 22 Gearran 2014
Taigh-òsta an Eilean Mhuilich, Creag an Iubhair

Bùth-obrach chòisir le Màiri Anna Cheannadach.
Fosgailte do dhuine sam bith, ach bidh sinn a' coimhead gu sònraichte air pìosan ainmichte airson SATB agus Puirt-a-Beul nan còisirean dùthchail.

Bùth-obrach 11m-5f
Dinnear £15
Ceilidh bho 8.30f

Ma tha ionnsramaid agaibh, thoiribh leibh e airson a' chèilidh!

Gheibhear cuideachd lùghdachadh anns a' phrìs airson Leabaidh & Bracaist anns an Taigh-òsta – £20 gach duine. Thoiribh dhaibh ainm Donna Dugdale, Còisir Ghàidhlig an Eilean Mhuilich nuair a tha sibh a' fònadh airson rùm. (Àireamh fòn: 01680 812 544)

Cuiribh fios gu Donna Dugdale DRamsay7S@hotmail.co.uk airson tuilleadh fiosrachaidh no ma tha sibh airson pàirt a ghabhail anns a' bhùth-obrach.

TAIC FREUMHAN COIMHEARSNACHD 2014-15

A bheil ùidh agaibh beagan taic fhaighinn airson Gàidhlig a bhrosnachadh san sgìre agaibh?

Tha an sgeama taic-airgid Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig fosgailte a-nis do dh'iarrrtasan ùra, gus cuideachadh pròiseactan a bhios a' brosnachadh agus a' meudachadh togail agus cleachdadh na Gàidhlig. Gheibhear barrachd fiosrachaidh agus foirm iarrrtais air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig www.gaidhlig.org.uk/bord/cothroman-taic-airgid/taic-freumhan-coimhearsnachd.php no cuiribh fòn gu 01463 225454, no post-dealain gu tabhartas@gaidhlig.org.uk.

'S e **Dihaoine 14 Gearran 2014** an latha mu dheireadh airson tagradh a chur a-steach. Bhithinn fada nur comain nan cuireadh sibh seo air adhart gu duine sam bith aig am biodh ùidh ann.

CEÒL NAN CÒISIR – CHORAL WORKSHOP

Saturday 22 February 2014
Isle of Mull Hotel, Craignure

Choral Workshop with Mary Ann Kennedy
Open to all but focusing mainly on the rural choirs prescribed SATB and the rural Puirt-a-Beul.

Workshop 11am-5pm
Carvery Dinner £15
Ceilidh from 8.30pm

Please bring along your musical instruments for the ceilidh!"

Special B&B Rate £20 per person - Quote Donna Dugdale, Mull Gaelic Choir workshop when booking to get room discount (Hotel phone: 01680 812 544)

Please contact Donna Dugdale DRamsay7S@hotmail.co.uk for details and to book a place at the workshop.

NEW FUNDING OPPORTUNITY

Are you interested in receiving some support to encourage the use of Gaelic in your area?

Bòrd na Gàidhlig's funding scheme Taic Freumhan Coimhearsnachd is now open to new applications, to assist projects which will encourage and increase the learning and usage of Gaelic. Further information and application forms are now available via the Bòrd na Gàidhlig website www.gaidhlig.org.uk/bord/en/funding-opportunities/taic-freumhan-coimhearsnachd.php or by calling 01463 225454, or email: tabhartas@gaidhlig.org.uk.

The closing date for applications is
Friday 14th February 2014.

Please forward to anyone who may be interested.



An Comunn Gàidhealach



Comunn Gàidhlig Inbhir Nis

Òraid

'Glaschu: Òrain Gàidhealtachd a' Bhaile Mhòir'
le Mairi Anna Nic Ualraig

Dihaoine 28.02.14 7.30f

Bun Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis



Comunn Gàidhlig Inbhir Nis

Talk

'Glasgow: Highland Songs of the City'
by Maryann Kennedy

Friday 28.02.14 7.30pm

Bun Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

PRÒGRAM COMHAIRLEACHAIDH GÀIDHLIG 2014

Prògram Comhairleachaidh Gàidhlig 2014
Stiùidio Sgrìobhadairean Dràma na h-Alba, ann an co-
chomhairleachaidh le Theatar Nàiseanta na h-Alba
Ceann-là: 28 Màrt 2014

Thathas a' toirt cuireadh airson cuir a-steach airson Prògram Comhairleachaidh Sgrìobhadairean Dràma Gàidhlig. Thèid dà sgrìobhadair a thaghadh airson prògram comhairleachaidh sgrìobhadh drama le Iain Fionnlagh Macleòid, Sgrìobhadair (Gàidhlig) airson Theatar Nàiseanta na h-Alba, gus taic a thoirt airson dealbh-cluich ùr a sgrìobhadh. 'S e cothrom a tha seo, sgillean sgrìobhaidh dràma a leasachadh agus tuilleadh eòlas fhaighinn air sgrìobhadh dràma.

Gheibh gach sgrìobhadair trì seiseanan le Iain Fionnlagh thairis air sia mìosan. Gheibhear co dhìù aon turas gu theatar air choireigin anns an ùine seo, còmhla ri bùthan-obrach agus cothroman coinneachadh ri riochdairean bho Theatar Nàiseanta na h-Alba agus eòlachichaidhean eile. Bidh fios cò gheibh na h-àiteachan seo ron Chèitean 2014, agus tòisichidh am prògram anns an Iuchar 2014.

GAELIC MENTORING PROGRAMME 2014

Gaelic Mentoring Programme 2014
Playwrights' Studio, Scotland, in partnership with the
National Theatre of Scotland
Deadline: 28 March 2014

Applications are invited for a new Gaelic playwright mentoring programme. Two writers will be chosen for a programme of mentoring by established playwright and National Theatre of Scotland Associate Artist (Gaelic), Iain Finlay Macleod, to support the development of a new play. This is an opportunity to improve playwriting skills and gain valuable insight into the playwriting process and profession.

Each writer will receive three mentoring sessions with Iain Finlay over a six month period. There will be at least one theatre trip organised during this time, as well as supporting workshops and opportunities to meet representatives from the National Theatre of Scotland and other theatre professionals. The outcome will be known no later than May 2014, with the mentoring commencing July 2014.

An Comunn Gàidhealach



An Café Gàidhlig

A' FEUCHAINN RI CUR RI BUAIDH UR MÒD?

'S e dòigh air leth math a th' ann an dràma agus ealain sràide a Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, gus ìomhaigh ùr Mòd Ionadail a leudachadh agus prògram ur tachartasan a chur air adhart ann an dòigh gu math beòthail, faicsinneach agus spòrsail.

Tha Ariel Killick air a bhith ag obair aig àrd-ìre mar neach-ealain sràide agus a' toirt seachd bùthan-obrach. Thèid aice air obair còmhla ribh gus mothachadh a' choimhearsnachd air tachartasan ur Mòd a neartachadh, gus cur ri farsaingeachd ur tachartasan m.e. bùthan-obrach dà-chànanach ann an sgilean siorcais no ealain ghraffiti do chloinn is òigridh, mar a chaidh a thoirt seachad aig Mòd na Cloinne ann am Pàislig an uiridh, no gus an Cafaidh Gàidhlig a thoirt a dh'ionnsaigh ur sgìre, far am bithear a' brosnachadh a' choimhearsnachd gus beagan Gàidhlig ionnsachadh agus barrachd fhaighinn a-mach mu ur tachartasan.

Carson nach tèid sibh gu www.independentstateofhappiness.com gus faighinn a-mach dè bha daoine eile a ràdh mu obair Ariel – agus gheibh sibh barrachd fiosrachaidh, dealbhan, bhidiothan & tuilleadh, no thèid agaibh air bruidhinn ri Ariel gu dìreach tro fònadh thuice air 075 700 43 745.

Tha grunn dacharactaran eadar-dhealaichte aig Ariel cuideachd, a bhitheas freagarrach air son spòrs Gàidhlig & dà-chànanach a thoirt gu tachartasan tron bhliadhna uile, gus obair ur Mòd a chumail a' dol ar feadh na bliadhna air son ìomhaigh na Gàidhlig a leasachadh mar chànan beòthail, nua-aimsireil a thèid a chleachdadh anns gach raon de bheatha na h-Alba an-diugh.

LOOKING TO RAISE THE PROFILE OF YOUR MOD?

Gaelic and Bilingual street theatre and spectacle is a highly effective way of getting Gaelic out amongst the general public, raising your Mòd profile and promoting your events programme in a fun, eye-catching and lively way.

Ariel Killick is an award-winning & nominated performance artist & workshop facilitator. She is available to work with you to diversify and strengthen local awareness of your Mòd programme, add to your range of events such as bilingual circus skills and graffiti art workshops for young people, as utilised as part of last year's Childrens' Mod in Paisley, or bring the highly acclaimed street-side Pop Up Gaelic Café, serving up tasty Gaelic bites and encouraging locals to spend a few minutes learning Gaelic and finding out about your events as they go about their daily business.

Why not look at www.independentstateofhappiness.com to find out what others have said about Ariel's work, where you'll also find full information, images, videos and more, or phone Ariel directly on 075 700 43 745.

Ariel also has a range of stilt characters suitable for animating events right throughout the year, bilingually and in Gaelic, to sustain and continue to develop the image of Gaelic in your area as a lively, modern language that can and should be used in all aspects of Scottish life today.



The Pop Up Gaelic Cafe

Taigh-Cèilidh Cèilidh house

TRADITIONAL
ENTERTAINMENT
BY SOME OF GAELDOM'S
TOP ARTISTS

*Arthur Cormack
Alex MacDonald
DJ MacIntyre
Iain Mackay
Kirsteen MacDonald
Marloch
Sineag MacIntyre*

EMPIRE THEATRE, EDEN COURT
DIHAOINE 7 MÀRT 7.30F
FRIDAY 7 MARCH 7.30PM

TIOGAIDEAN
TICKETS £15/£13

01463 234 234
WWW.EDEN-COURT.CO.UK



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS
GAELIC SOCIETY OF INVERNESS



An Comunn Gàidhealach



GREIS-GNÌOMHACHAIS RIOCHDACHAIDH DHA NEACH
LE GÀIDHLIG AIG DUNDEE REP THEATRE

GREIS-GNÌOMHACHAIS RIOCHDACHAIDH

Le taic bho Bòrd na Gàidhlig, tha Dundee Rep Theatre a' sireadh neach le Gàidhlig a dh'obraicheas còmhla rinn air taobh riochdachaidh den dealbh-chluich 'In My Father's Words' - eadar an Cèitean agus an t-Òg Mhios 2014.

Tha ùidh againn cothrom a thoirt dha tàlant as a' Ghàidhealtachd le bhith toirt taic dha neach gus na sgilean aca a leasachadh - an dà chuid mar riochdaire neo manaidsèar-stèidse.

Cuiridh an neach a bhios soirbheachail seachad còig seachdainean ag obair aig Dundee Rep Theatre air an dealbh-chluich bhon thoiseach chun na h-oidhche a dh'fhosglaas i ann an Glaschu. Bidh cothrom aca cuideachadh le cuairt a chur air chois thar na Gàidhealtachd agus anns na h-eileanan. Gheibh an neach cuideachadh ann a bhith toirt piseach air sgilean sonraichte, a' toirt cothrom dhaibh an deisealachadh fhèin airson obair phroifeasanta ann an theatar. Ionnsachaidh iad mu riochdachadh agus ciamar a chuirear cuairt theatar air dòigh, le bhith ag obair ann an teas-mheadhan companaidh phroifeasanta an co-bhoinn le Riochdaire, Manaidsèar Ionmhais agus Manaidsèar-stèidse aig Dundee Rep. Bheiridh seo dhaibh sealladh farsaing air an obair.

Bidh obair phragtaigeach aig an neach ri dhèanamh, faodar coimhead air agus gabhail pàirt ann an seiseanan pragtaigeach gus faicinn mar a bheir dealbh-chluich a-mach air an rathad.

Feumaidh an neach a bhith :

- **fileanta sa Ghàidhlig, le beagan eòlas air obair Theatar - agus math le daoine.**

Bhiodh e feumail nam biodh na leanas aig an neach:

- **sgilean làidir conaltraidh agus gum biodh iad sgiobalta nan cuid obrach.**

'S e obair làn-ùine a tha seo agus feumar obair uaireannan air an oidhche agus aig an deireadh-seachdain. Tha e freagarrach dha daoine a tha a' tòiseachadh nan cuid dreuchd. Gheibhear cuideachadh a thaobh airgead airson beatha-làitheil.

Nan cuireadh sibh litir thugainn ag innse dhuinn carson a bu mhaith leibh bhith an-sàs san obair seo, agus CV le teisteanasan, ann am Beurla gu:

cdow@dundeereptheatre.co.uk

Ceann latha Dihaoine 14mh latha den Mhàrt 2014.

GAELIC PRODUCTION PLACEMENT

With generous support from Bòrd na Gàidhlig, Dundee Rep are looking for a Gaelic speaking Production Placement to work on our forthcoming production of 'In My Father's Words' from May - June 2014.

We are keen to support talent from the Gaelic speaking community by mentoring a producer or stage manager to help develop their skills and support their professional development. The successful candidate will spend five weeks with Dundee Rep Theatre, seeing the production through from first rehearsals to opening night in Glasgow. They will also have the opportunity to be involved with the logistics of the tour planning to Highland and Island venues. Activity will be tailored to the successful candidate to ensure that we deliver a programme of development that enhances the placement's professional skills, and equips them to further develop their careers. They will gain comprehensive understanding of the production and touring process, through working hands on in a professional theatre environment and through working closely with the Producer, Production Manager and Stage Manager at Dundee Rep to gain an understanding of the work they are involved in.

The Production Placement will be given practical tasks, will be able to observe and be involved in practical sessions and so will see first hand the range of work involved in producing a touring show.

*The essential requirements for the post are:
-fluent Gaelic speaker - Some experience in Theatre production - A friendly outgoing nature.*

*The desirable skills for the post are:
- Strong communication skills. - An organised approach to work.*

This is a full-time position in which evening and weekend work is essential, suitable for early career production staff. A stipend is available to cover living expenses.

Please send a cover letter explaining why you would like to be involved, and an up to date CV to:


cdow@dundeereptheatre.co.uk no later than Friday 14th March 2014.



BÒRD NA
GÀIDHLIG



An Comunn Gàidhealach



SABHAL MÒR OSTAIG
Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

PGCERT ANN AN DEASACHADH AGUS FOILLSEACHADH (UP400)

SGILEAN FOILLSEACHAIDH

Bidh am modal seo a' leasachadh sgilean foillseachaidh ann an Gàidhlig, a' gabhail a-steach eachdraidh foillseachaidh na Gàidhlig, am pròsas foillseachaidh, foillseachadh agus an lagh, cho math ris a' ghnìomhachas foillseachaidh, ro-innleachdan margaidheachd nam measg.

Ma shoirbhicheas tu leis a' mhodal seo, thèid agad air:

- an gnìomhachas foillseachaidh a thuigsinn agus a sgrùdadh, a' gabhail a-steach rheumatlachdan lagha
- cùisean ionmhais ann am pròiseactan foillseachaidh a thuigsinn, a' gabhail a-steach chosgaisean agus thabhartasan
- obair a choimiseanadh agus conaltradh eifeachdach a chumail ri ùghdaran
- ro-innleachdan margaidheachd freagarrach a chruthachadh

DEALBHADH IS DÈANAMH

Aig cridhe a' mhodal seo, tha dealbhadh agus dèanamh anns a' phròsas foillseachaidh, a' toirt sùil air cleachdaidhean ann an dealbhadh agus clò-eòlas, ceannach bhun-stuthan agus phròsas dèanamh, agus na h-irean ann a bhith a' cruthachadh bathair didseatach. Am measg nam prìomh chuspairean tha dealbhadh agus clò-eòlas, clò-bhuailidh agus cuibhreacadh, agus foillseachadh didseatach.

Ma shoirbhicheas tu leis a' mhodal seo, thèid agad air:

- sreath de dhealbhadhean còmhdaich, dealbhadhean duilleig, stoidhlichean clò agus pacaidean dealbaidh a mheas
- planaichean-obrach didseatach airson clò-bhuailidh a sgrùdadh
- ceannach clò-bhuailidh agus pròsas dèanamh a thuigsinn
- margadh ann am foillseachadh didseatach a thuigsinn, a' gabhail a-steach ro-innleachdan didseatach, teignòlas leabhraichean dealanach agus mheadhanan eadar-ghnìomhach, agus prìsean agus margaidheachd bathair didseatach

CIAMAR A BHIOS E AG OBAIR?

Bidh thu a' dèanamh a' chùrsa air astar. Cuir 200 uair de thide ionnsachaidh mu choinneimh gach modail, air-loidhne (24 uairean) agus air do cheann fhèin (176 uairean). Cleachdaidh teagasg air-loidhne àrainn ionnsachaidh mas-fhior OGE, Blackboard, le taic gach seachdain le post-d agus comhradh air-loidhne.

Feumaidh cothrom a bhith agad air an Eadar-fòn agus air coimpiutar agus prògraman freagarrach (m.e. Word, Acrobat Reader, Microsoft Outlook 2010). Gheibhear stiùireadh ann a bhith a' cleachdadh Blackboard mar phàirt den inntreagadh dhan chùrsa.

Thèid adhartas air a' chùrsa a mheas le coimeasgadh de dh'aistidhean, aithisgean agus eacarsaichean pragtaigeach. Gus a bhith soirbheachail sa mhodal, feumaidh tu 50% aig a' char as lugha fhaighinn anns gach measadh.

DÈ TH' ANN?

'S e an teisteanas for-cheum seo, ann an Deasachadh agus Foillseachadh aig Sabhal Mòr Ostaig, a' chiad chùrsa de a sheòrsa anns a' Ghàidhlig.

Bheir an cùrsa air astar seo PgCert ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE) agus neartaichidh e sgilean ann an deasachadh agus ann am foillseachadh.

Air a fìbhrigeadh agus air a mheas gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, tha trì modalan riatanach aig a' PhgCert, aig ìre 11 den Scottish Credit and Qualifications Framework (SCQF):

- Sgilean Deasachaidh (UQ511922)
- Sgilean Foillseachaidh (UQ511923)
- Dealbhadh is Dèanamh (UQ511921)

CÒ DHÀ A THA E?

Is ann a tha am PgCert ann an Deasachadh agus Foillseachadh dha duine sam bith a bhios a' sgrìobhadh, a' deasachadh no a' dèanamh sgrìobhainnean Gàidhlig de sheòrsa sam bith.

Thèid an cùrsa thairis air na sgilean deatamach airson a bhith ag ullachadh agus a' dèanamh sgrìobhainnean gnìomhachais, a' gabhail a-steach aithrisean bliadhnail, planaichean cànan agus litreachas margaidheachd. Dhan fheadhainn a tha an sàs ann am foillseachadh Gàidhlig, cuiridh an cùrsa rin tuigse agus sgilean ann a bhith a' deiligeadh ri ùghdaran, ag ullachadh teagas airson foillseachadh agus a' dèanamh leabhraichean agus sgrìobhainnean aig sàr ìre.

DÈ DH'IONNSAICHEAS MI?

Tha trì modalan sa chùrsa, le 20 creideas aig SCQF 11 am fear:

SGILEAN DEASACHAIDH

Anns a' mhodal seo, thèid sgilean deasachaidh agus dearbhadh a neartachadh, a' gabhail a-steach litreachadh agus puingeachadh, deasachadh agus dearbhadh, stoidhlichean taighe agus tarraingean.

Ma shoirbhicheas tu leis a' mhodal seo, thèid agad air:

- prionnsabalan litreachaidh na Gàidhlig a thuigsinn agus litreachadh gu ceart
- teagsaichean a dheasachadh aig sàr ìre
- clàr-ama deasachaidh a chur ri chèile agus a stiùireadh
- gnàthasan deasachaidh a chleachdadh stoidhle taighe a leasachadh, a leantainn agus a mheas
- sgilean a chleachdadh gus teagsaichean a dhearbhadh gu cruinn

CIAMAR AGUS CUINE A CHUIREAR A-STEACH AIRSON A' CHÙRSA?

Feumaidh ceum le urram (no teisteanas co-ionann) a bhith agad aig ìre 2:2 no barrachd ann an cuspair freagarrach, mar Ghàidhlig agus Cuspairean Co-cheangailte, Eòlas na Gàidhlig na Eòlas na Ceiltis, agus/no sgilean litearra aig ìre fhileanta le agallamh (mar as trice, air a' fòn).

Bu chòir do thagraichean fios a chur dìreach dha Oifis Inntigridh na Colaiste air 01471 888 304 no le post-d gu iarrtas@smo.uhi.ac.uk, far am faighear tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' cur a-steach iarrtas dhan chùrsa.

Bidh am modal Sgilean Deasachaidh a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2014.

CÌSEAN AGUS MAOINEACHADH

Airson chisean, faic <http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/cursaichean/cisean/>

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic <http://www.smo.uhi.ac.uk/gd/cursaichean/pgcert-ann-an-deasachadh-agus-foillseachadh>, no cuir fios gu Oifis Inntigridh na Colaiste air 01471 888 304 no le post-d gu iarrtas@smo.uhi.ac.uk. A thaobh susbaint a' PhgCert no ro-rheumatlachdan a' chùrsa, cuir fios chun an Stiùiriche Phrògram, an t-Oll. Richard Cox, rc.smo@uhi.ac.uk, 01471 888 313.

☎ 01471 888304

✉ iarrtas@smo.uhi.ac.uk




WWW.SMO.UHI.AC.UK



fonn

The Campbells of Greepe

"They are a phenomenon.
It took an exceptional book to do
them justice. 'Fonn' is that book."
Roger Hutchinson



The "must have" book for everyone with an interest in Gaelic songs.
This superb book contains the words and music for over 100 songs specially
selected from the Campbell family archive.

Includes audio CD of
original recordings from the
School of Scottish Studies.



Available to buy
from **www.acairbooks.com**
£30 & Free Postage in UK

Leabhraichean Acair Books from Acair

Leabhraichean ùra!



Faicibh iad seo agus dòrlach eile air an
làrach-linn againn - www.acairbooks.com

See all of these and many more on Acair's website,
including information on the children's books
available as audio files from **GAELIC4PARENTS.com**

Aiteal - Two new novels in Gaelic

Cluicheadairean

A provocative new novel from established
Gaelic writer Catriona Lexy Campbell



Còisir nan Gunna

Debut novel set during the Second
World War from Lewis born
Andrew Dunn

(£9.99 each)

Cothrom ùr do sgrìobhadairean!

Tha Acair, le taic bho Chomhairle nan Leabhraichean,
a' leasachadh sreath ùr ficsean Gàidhlig do dh'inbich.

Tha grunn sgrìobhadairean ag obair an-dràsta, cuid
a' sgrìobhadh sgeulachdan goirid agus cuid eile ag obair
air nobhail. Ma tha sgeulachdan goirid no beachd làidir
airson nobhail do dh'inbich aig sgrìobhaiche Gàidhlig,

bu chòir lethbhreac a chur gu Acair anns a' chiad
dol-a-mach. Chan urrainn dearbhadh a thoirt seachad
gun tèid a h-uile pìos sgrìobhaidh a chur ann an clò, ach

bheirear sùil air gach tagradh a thig a-steach. Airson
tuilleadh fiosrachaidh, neo airson bruidhinn mu dheidhinn
tagraidh, fiù aig ìre neo-fhoirmeil, cuiribh brath gu Acair.



Acair Ltd, An Tosgan,
54 Seaforth Road,
Stornoway
Tel: 01851 703020 e-mail: info@acairbooks.com



COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL



Tha Acair a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Leabhraichean

An Comunn Gàidhealach

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme

Ceàrnag Phearsabhail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DD

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain

40 Sràid Hunnadaidh

Inbhir Nis

IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705.

Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House

Perceval Square

Stornoway

Isle of Lewis

HS1 2DD

Telephone: 01851 703 487

Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House

40 Huntly Street

Inverness

IV3 5HR

Telephone: 01463 709 705.

Email: rena@ancomunn.co.uk

www.ancomunn.co.uk